



Teisteanais
Nàiseanta
2025

X832/76/11

Àrd-Ìre

DIHAOINE, 2 CÈITEAN

9:00 M – 10:50 M

Gàidhlig
Leughadh
Gàidhlig Reading

Comharran gu lèir — 30

Leugh an earrann agus feuch na ceistean UILE.

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir ann an leabhran nam freagairtean. Ann an leabhran nam freagairtean feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc gorm no dubh.

Tha leabhran nam freagairtean eile ann airson Litreachas. Cuir do fhreagairtean airson Litreachas ann an leabhran nam freagairtean airson Litreachas.

Mus fàg thu seòmar na deuchainnean, feumaidh tu an dà leabhar a thoirt don Fhreiceadan; mura dèan thu sin, dh'faodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir seo a chall.



* X 8 3 2 7 6 1 1 *

Leugh an earrann agus feuch na ceistean UILE

Na facail air a' bhalla

Bha e na aonar anns an t-seann taigh, a' sgrìobadh seann phàipear bho na ballachan mus tòisicheadh e air pàipear ùr a chur orra. Bha aon solas lom os a chionn. Cha robh càil ri chluinntinn ach an sgrìobadh. Cha robh fhios aige dè cho fada 's a bha e air a bhith ag obair ach shaoil e gum biodh an uair a' sreap ri meadhan-oidhche. Feasgar an dèidh feasgair, bha e air a

5 bhith ag obair air an taigh robach, sgìth seo. Fiù 's nuair nach robh e ris an obair, chuireadh e cais air mar a chaithd an taigh fhàgail ann an staid cho truagh is sia pàipearan balla air muin a cheile. Ach, b' ann aig seann bhoireannach a bha an taigh roimhe — bha e soilleir nach robh an comas aice a chumail an òrdugh.

'S a-nise, bha e a' sgrìobadh gu ruigeadh e am balla mar lannsair sgileil a' gearradh chun

10 a' chnàimh gun dad fa-near dha ach an t-euslainteach a shàbhaladh. Tharraing e anail. Air a chùl, bha beagan uisge a' tuiteam don t-sinc agus bha seo ga fhàgail an-shocair mar gum b' ann air a dhruim fhèin a bha e a' tuiteam, ga dhraghadh sìos agus beag air bheag ga bhàthadh. Thug e sùil eile timcheall. Cha robh càil san rùm ach àradh àrd fiodha air am biodh e a' direadh chun

15 a' mhullaich agus seann rèidio nach b' urrainn dha fhaighinn gu dol. Thog e a làmh, shuath e am fallas bho aodann agus chùm e air a' sgrìobadh a-rithist, mar radan.

Smaoinich e air an tè a bha ag obair ri a thaobh san oifis. Ahh, Catriona. Bha i air a bhith a' gabhail ùidh san taigh 'ùr' aige agus a' toirt comhairle dha mu àirneis agus brataichean-ùrlair. Boireannach laghach, comasach, le sùilean brèagha. 'S i a lasadh suas rumannan dorcha a bheatha . . . nam biodh de mhisneachd aige bruidhinn rithe mu dad eile ach peant, plumaireachd agus

20 plastair.

Shaoil e gun cuala e cloc a' bhaile a' bualadh meadhan-oidhche. Le cridhe trom, aonaranach choimhead e timcheall an rùim a-rithist. Tron uinneig, eadar na geugan craoibhe, chitheadh e solas na gealaich mar choinneal bheag san dorchadas. Saoil dè seòrsa beatha a bha aig a' chailllich? Cha robh càil ri fhaicinn a dh'innseadh dha.

25 Lean e air leis an sgrìobadh ach, an dèidh dha an còigeamh pàipear a shràcadh dheth, thug e an aire do sgrìobhadh fann air a' bhalla: "Tha gaol aig Màiri Chaimbeul air lain Caimbeul." Seadh gu dearbh! B' e Caimbeul an sloinneadh a chunnaic e air an doras a-muigh ceart gu leòr. Chaidh e thairis air na facail le chorraig agus leig e osna às. Och, na Caimbeulaich bhochda aig an robh clach-cuimhne de phàipear a bha a-nis gu bhith air a leagail gu làr.

30 Chrom e a cheann airson mionaid agus airson a' chiad uair laigh a shùil air seann dealbh air sgeilp ìosal faisg air làimh. Bha frèam fiodha fhathast ga chuartachadh ach bha a' ghlanne briste. Ga thogail, chunnaic e gun robh e làn dust. Gu faiceallach, chuir e uilinn a gheansaiddh tarsainn air airson a ghlanadh. Rinn e gàire nuair a chunnaic e dithis a bha air ùr-phòsadh 's coltas cho pròiseil, toilichte orra. Màiri agus lain Caimbeul ag amas air beatha ùr còmhla san taigh seo.

35 Smaoinich e air an dithis aca a' sgeadachadh an taighe, a' dannsa timcheall a' bhùird le bruis is bucaid. Bha iad beò san t-saoghal bhòidheach a bha iad a' cruthachadh, saoghal làn de ghaol is gàire. Choimhead e timcheall a-rithist agus dh'fhairich e gur e taigh sona, seasgair a bha seo dhaibh an uair sin. Ach bho latha mòr nan Caimbeulaich, chaidh còig pàipearan eile a chur air a' bhalla agus cha robh guth air faoineas no fealla-dhà an-diugh.

40 Aidh, nach e bha sgìth! Bha a chridhe trom agus bha an solas cruaidh, mi-thruasail a bha crochte am meadhan a' mhullaich ga dhalladh. Dhùin e a shùilean airson diog no dhà. Thuit Catriona ris gun robh e ag obair ro chruaidh. 'S e bha — gach oidhche a' sgrìobadh agus gach latha san oifis, sgrìobadh de sheòrsa eile air a' choimpiutair. Bha e feumach air fois, ach mar àrc-eolaiche a' sìor chladhach airson rudpriseil a lorg, cha bhiodh e sàsaichte gus an ruigeadh e freumhan an taighe.

45 A' faireachdainn beagan ciontach, thòisich e air na facail agus air a' phàipear; sgrìobadh agus sgròbadh gun stad agus am fallas a' sruthadh sìos aodann. Mean air mhean, chaidh gach litir à sealladh. Thog e a cheann a-rithist airson a shùilean a shuathadh agus gu h-obann mhothaich e do

50 ìomhaigh air choreigin aig an doras . . . cailleach air a còmhdaich gu tur ann an geal. Bha i air a cuartachadh le flùraichean glasa a bha air seargadh . . . Ach cha do chuir an taibhs dragh sam bith air agus chuir e aire a-rithist air na ròsan deurga a bha a' tuiteam sgrìob air muin sgrìob far a' bhalla.

55 An ath latha, 's e na laighe air làr an rùim, tharraing e a cheann às a phoca-cadail. Bha a' ghrian a' deàrrsad agus chuala e na h-eòin a' ceilearadh sna craobhan a bha teann ris an uinneig. Thog e an dealbh a lorg e an oidhche roimhe agus an dèidh dha a għlanadh gu ceart, chuir e na sheasamh air sgeilp àrd. Am b' iad sin a thug misneachd dha am fòn a thogail?

Bhiodh cuimhne aca air an latha shònraichte ud gu bràth — an latha a chuir iad crìoch air sgrìobadh agus a chlàraich iad ainm agus a h-ainm-se air a' bhalla ùr, lom.

Le Iain Mac a' Ghobhainn, An Dubh is An Gorm (atharraichte)

COMHARRAN

Ceistean

Freagair na ceistean a leanas. Cho tric 's is urrainn dhut, bu chòir dhut na faclan agad fhèin a chleachdadadh nad fhreagairtean.

Coimhead a-rithist air loidhnichean 1-8.

1. Dèan geàrr-chunntas air an t-suidheachadh anns a bheil am prìomh charactar. Na cleachd ach am fiosrachadh as cudromaiche ann a bhith a' dèanamh seo. 3
2. Seall mar a tha an sgrìobhadair a' cleachdadadh sgilean sgrìobhaidh airson dèanamh soilleir gu bheil an obair air aire an duine a għlacadh. Bu chòir dhut bualadh air **dhà** de na leanas: tagħadħ-facail, ath-aithris agus fuamealas. 2

Coimhead a-rithist air loidhnichean 9-14.

3. Seall mar a chaidh ìomhaigheachd a chur gu feum gus staid an taighe a thoirt am follais. 3

Coimhead a-rithist air loidhnichean 16-20.

4. Seall mar a tha structar seantans air a chur gu feum gus beachdan an duine air Catriona a dhèanamh soilleir. 2

Coimhead a-rithist air loidhnichean 22-23.

5. "Chitheadh e solas na gealaich mar choinneal bheag san dorchadas". Le bhith a' smaoineachadh air na tha air tachairt anns an sgeulachd chun a seo, beachdaich air na tha an samhla seo a' sealltainn dhuinn mu bheatha a' phrìomh charactair. 2

Ceistean (a' leantainn)

Coimhead a-rithist air loidhnichean 23-29.

6. Le bhith a' smaoineachadh air na tha air tachairt anns an sgeulachd chun a seo, beachdaich air carson a fhuair an duine togail-inntinn nuair a chunnait e an sgriobhadh air a' bhalla. Mìnich do fhreagairt le fianais às an teacsa. 2

Coimhead a-rithist air loidhnichean 30-39.

7. Dè na rudan a rinn an duine a tha a' sealltainn gu bheil na Caimbeulaich cudromach dhan phrìomh charactar? 3
8. Seall, le eisimpleirean, mar a chleachd an sgrìobhadair uaim airson tòna agus faireachdainnean a chruthachadh. 3

Coimhead a-rithist air loidhnichean 42-47 (gu 'sealladh').

9. Seall mar a tha an sgrìobhadair a' dèanamh soilleir gun robh an duine air a bhith ag obair gu trang. Dh'fhaodadh tu bualadh air ìomhaigheachd, taghadh-facail, ath-aithris agus uaim gus seo a dhèanamh. 3

Coimhead a-rithist air loidhnichean 47-51.

10. Nochd an taibhs san rùm. Nad bheachd-sa, carson nach do ghabh an duine dragh mun taibhs? 2

Coimhead a-rithist air loidhnichean 52-57.

11. Tha an sgrìobhadair a' cur crìoch aithghearr air an sgeulachd. Dè na rudan cudromach a thachair anns a' chòrr de bheatha a' phrìomh charactair? 3

Thoir sùil air an teacsa gu lèir.

12. Nad bheachd-sa, dè an teachdaireachd as cudromaiche a tha ag èirigh às an sgeulachd? Seall, le fianais, carson a tha thu den bheachd seo. 2

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[FOSGAIL A-MACH]

NA SGRIOBH AIR AN DUILLEIG SEO

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRIOBH AIR AN DUILLEIG SEO

Acknowledgement of copyright

Text – Text is adapted from *An Dubh is An Gorm (atharraichte)* by Le lain Mac a' Ghobhainn.

SQA has made every effort to trace the owners of copyright of this item and seek permissions. We are happy to discuss permission requirements and incorporate any missing acknowledgement. Please contact question.papers@sqa.org.uk.